B332: Open to any players of gut and/or wire harp. A well balanced 10 minute programme of own choice Gaelic music, to include spoken introductions in Gaelic or English by the competitor, who may include his/her own arrangements.

• SENIOR COMPETITIONS (18 YEARS AND OVER)

Solo playing—Elementary

B325: a) Tha'n Samhradh air Tighinn Arr. *Jean Campbell*
b) Own choice piece of Gaelic music. Not to exceed 3 mins.

Solo playing—Intermediate/Advanced

B326: a) Lochaber No More Arr. *Isobel Mireas*
b) Own Choice Piece of Gaelic music. Not to exceed 3 mins.

Solo singing with self-accompaniment

B327: Own choice of two contrasting Gaelic songs with clàrsach accompaniment. Not to exceed 5 mins.

Clàrsach Duet

B333: Own choice of a piece or set of piece of Gaelic music. Not to exceed 5 mins.

• OPEN COMPETITIONS

Composition Class

B329: An original composition in the Gaelic genre lasting between 3 and 5 minutes, for
a) solo clàrsach in the style of a slow air, pipe march, strathspey, jig, reel or a set of tunes, or
b) voice and clàrsach

In the case of a) competitors may perform their own work or provide a player.

In the case of b) competitors may perform their own work or provide a player and/or singer. A copy of the words (with translation) must be submitted to the Mod office. The quality of the composition will be judged—not the performance. Manuscripts are not required.

Mòdan Ionadail

Provincial Mòds

Seo na cinn-latha a tha againn gu ruige seo | Here are the dates we have received so far:

Sruighlea Stirling	12 & 20 Cèitean May 2017	modshruighlea@gmail.com
Dun-Èideann Edinburgh	12—13 Cèitean May 2017	localmodedinburgh@gmail.com
Uibhist Uist	26—27 Cèitean May 2017	moduibhist@gmail.com
Leòdhas Lewis	29 Cèitean / May — 2 Ògmhios June 2017	peigi@ancomunn.co.uk
Skye Eilean Sgitheanaich	31 Cèitean / May — 3 Ògmhios June 2017	maireadnicolson@btinternet.com
An t-Òban Oban	2—3 Ògmhios June 2017	moiradunlop@btinternet.com
Cille Brìde an Ear East Kilbride	2—3 Ògmhios June 2017	catmacdonald292@btinternet.com
Gallaibh & Cataibh Caithness & Sutherland	3 Ògmhios June 2017	christian_goskirk@sky.com
Na Hearadh Harris	8—9 Ògmhios June 2017	
Loch Abar Lochaber	9—10 Ògmhios June 2017	moirarobertson15@gmail.com
Glaschu Glasgow	9—10 Ògmhios June 2017	glasgowmod@gmail.com
Obar Pheallaidh Aberfeldy	9—10 Ògmhios June 2017	pad.gaelicmod@gmail.com
Àird nam Murchan Ardnamurchan	16 Ògmhios June 2017	
Inbhir Nis Inverness	16—17 Ògmhios June 2017	secretary@invernessprovincialmod.co.uk
Ìle Islay	2 Sultain 2 September 2017	alisongrayislay@aol.co.uk
An Dreòlluinn Mull & Iona	8—9 Sultain September 2017	mullmod@donnaugdale.co.uk
Barraigh Barra	30 Sultain September 2017	camuskellaig@gmail.com

Mòdan Ionadail

Provincial Mòds

Mòd an t-Eilean Sgitheanaich | Skye Mod

31 Cèitean / May — 3 Ògmhios / June 2017

Diciadain 31 Cèitean Piobaireachd Ard-sgoil Phortrìgh @ 4.30f

Diardaoin 1 Òg-mhios Cuir a-mach na loidhne agus leughadh bhon
Bhiobull Eaglais na h-Alba, Cille Mhoire @ 4.30f

Dihaoine 2 den Og-mhios Ionnstramaidean ciùil ann am Bun-sgoil
Phortrìgh, a' toiseachadh aig 4.30f

Disathairne 3 Òg-mhios Farpaisean eile a Mhòid ann am
Bun-sgoil Phortrìgh bho 9m gu 12f

Farpaisean bhuidhnean & inbhich Ard-sgoil Phortrìgh Feasgar

Oidhche 'Shathairne Cèilidh agus Dannsa a Mhòid
Taigh-òsta Rioghaill @ 7.30f

maireadnicolson@btinternet.com

Mòd Ionadail Loch Abar | Lochaber Mod

Bheil sibh a' lorg cothrom ullachadh airson Mòd Nàiseanta
Rioghail na bliadhna seo? Thèid Mòd Ionadail Loch Abar a
chumail air an 9mh agus 10mh den t-Ògmhios ann am
Bun Sgoil Ghàidhlig Loch Abar.

Looking for an early practice in advance of this year's
Royal National Mod? Lochaber provincial Mod will be held on
the 9th and 10th June 2017 in Bun Sgoil Ghàidhlig Loch Abar.

Òigridh / Junior competitions - 9 Ògmhios / June
Ionnstramaid / Instrumental Competitions 10 Ògmhios / June
Inbhich / Senior competitions - 10 Ògmhios / June

Entry forms available at

<http://www.modlochabar.com/mod-sgire-provincial-mod/>

Ceann latha / Closing date: 12th May 2017

Tuilleadh fiosrachadh bho / Further information from
Moira - 07743 110720

Mòd Ionadail Gallaibh is Cataibh Caithness & Sutherland Provincial Mod

Thèid tachartas na bliadhna seo a chumail ann an

Goillspidh | Golspie

Disathairne 3 Ògmhios | June 2017

Rùnaire / Secretary: Christian Nicolson
Ceann latha / Entry deadline: 5 Cèitean / May
Tillibh duaisean ro / Trophy deadline: 19 Cèitean / May

christian_goskirk@sky.com

Mòd Ionadach na Dreoluinn | Mull Provincial Mòd

8 & 9 Sultainn / September

Foirmean iarrtas Mòd Ionadach na Dreoluinn rim faotainn a-nis
Entries for this year's Mull Provincial Mòd are now open.

Gheibh sibh clàr-obrach Mòd Ionadach na Dreoluinn air-loidhne
The syllabus for the Mull Provincial Mòd is now available online

Faodaidh sibh iarrtas a chuir a-steach air loidhne no tron phost
Enter online or by post.

Tuilleadh fiosrachadh bho | *More information can be found at:*

www.mullmod.org.uk



Mòd Ionadail Dhùn Èideann 2017 | Edinburgh Provincial Mod 2017

Thèid Mòd Dhùn Èideann 2017 a chumail eadar 12 agus 13 Cèitean, aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce agus Sgoil Pàirc Pilrig. Tha fàilte ron a h-uile duine aig a' Mhòd fhìn, agus cuideachd aig na tachartasan air prògram lomall a' Mhòid, le taic bho Cheiltis agus Èòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann, agus bho Leabharlann Bàrdachd na h-Alba. Tha fiosrachadh mu thachartasan a' Mhòid agus mu phrògram an lomaill ri fhaighinn aig www.edinburghlocalmod.com.

'S dòcha gum bi ùidh shònraichte aig buill a' Chomuinn anns a' chiad Òraid Bhliadhnaill a' Mhòid fo sgèith Ceiltis agus Èòlas na h-Alba. Thèid a lìbhrigeadh leis an Dotair Priscilla Scott, Oilthigh Dhùn Èideann, 's i a' bruidhinn air ròl nam boireannach ann am bliadhnaichan tràth a' Chomuinn Ghàidhealaich.

Diluain 8 Cèitean 2017, 7.30-9f.

Seòmar Pròiseact, 50 Ceàrnag Sheòrais, Oilthigh Dhùn Èideann Ath-ùrachaidhean rim faighinn.

Feuch gun tig sibh còmhla rinn cuideachd airson Cèilidh Mòd Dhùn Èideann:

Disathairne 13 Cèitean 2017, 6.30f.

Talla Thomas Morton

28-30 Rathad an Aiseig, Dùn Èideann EH6 4AE
le Còmhlan-cèilidh Ghleann Fhionnain agus aoighean air leth

<http://www.edinburghlocalmod.com/ceilidh.html>

The 2017 Edinburgh Mòd will take place on May 12 and 13, at Bun-sgoil Taobh na Pàirce and Pilrig Park School. All are welcome to join us at the Mòd itself, and also to attend events in the Mòd Fringe programme during the week of the Mòd, supported by Celtic and Scottish Studies, University of Edinburgh, and by the Scottish Poetry Library. Details of Mòd events and the Fringe programme are available at www.edinburghlocalmod.com.

An Comunn members might be particularly interested in the first Annual Celtic and Scottish Studies Mòd Lecture, which will be given by Dr Priscilla Scott, University of Edinburgh, on the topic of the role of women in the early years of An Comunn Gàidhealach:

Monday 8 May 2017, 7.30-9 pm

Project Room, 50 George Square, University of Edinburgh
Refreshments will be served.

Do join us too for the Edinburgh Mòd Cèilidh:

Saturday 13 May, 2017, 6.30pm

The Thomas Morton Hall
28-30 Ferry Rd, Edinburgh EH6 4AE
with
The Glenfinnan Cèilidh Band
and special guests



<http://www.edinburghlocalmod.comceilidh.html>

**An robh fios agaibh gu bheil duilleagan meadhanan sòisealta aig cuid de na Mòdan Ionadail?
Dèanaibh cinnteach gu bheil sibh gan leantainn airson naidheachdan a thaobh na Mòdan aca.**

Did you know that some of the Provincial Mods have their own social media pages? Make sure that you are following them for updates about their Mòds.

Glaschu

Glasgow

[Glasgow Provincial Mòd's Facebook](#)

Gallaibh

Caithness & Sutherland

[Caithness & Sutherland Provincial Mod's Facebook](#)

Dùn Èideann

Edinburgh

[Edinburgh Provincial Mòd's Facebook](#)

Clioc air na ceanglaichean airson na duilleagan aca fhaicinn

Click on the links to visit the social media pages



Sruighlea

Stirling

[Stirling Provincial Mod's Facebook](#)

Uibhist

Uist

[Uist Provincial Mod's Facebook](#)

Obar Pheallaidh


Aberfeldy


[Aberfeldy Provincial Mod's Facebook](#)

Inbhir Nis

Inverness

[Inverness Provincial Mod's Facebook](#)





Bidh sinn a' reic leabhraichean aig na Mòdan Ionadail ann an:

Dùn Èideann (12/05)
Sruighlea (17/05)
An t-Òban (02/06)
Cille Bharde an Ear (03/06)
Obar Pheallaidh (09/06)
Glaschu (09/06)
Loch Abar (10/06)

We will be selling books at the Local Mods in:

Edinburgh (12/05)
Stirling (17/05)
Oban (02/06)
East Kilbride (03/06)
Aberfeldy (09/06)
Glasgow (09/06)
Lochaber (10/06)

Meur Inbhir Nis | Inverness Branch

Bha oidhche dha na boireannaich aig Meur Inbhir Nis air Dihaoine 21 Giblean ann an Talla Na Seann Eaglais Ard an Inbhir Nis.

Se oidhche làn spòrs agus fealla-dha a bha seo le suas ri £600 ga thogail. Bu mhath leis a' Chomataidh taing a thoirt do Zara Bruce bho Pretty Women agus an sgioba aice a thug seachad an ùine an asgaidh airson an oidhche mhath seo a chuir air dòigh.

Cuideachd taing don h-uile duine a thug dhuinn cuideachadh ann an dòigh sam bi le dèanamh tablet, shortbread, duaisean airson raffle agus Tombola. Mu dheireadh an taing as mothachan a h-uile duine a thaing agus a chosg airgead. Tha sin air leth taingeil airson seo.

On Friday 21st April, a pampering night was held in The Old High Church Hall in Inverness to help boost funds for the Local and Royal National Mod 2020.

This was a night full of fun and getting all the ladies looking more beautiful than they were when they first arrived. A total of £586 was raised and a huge thanks must go to Zara Bruce from Pretty women who organised all the therapists free of charge to come along and allow us to have such a successful evening.

Also, a huge thanks to everyone who made tablet, shortbread, donated prizes for raffle and Tombola to allow us to raise this huge amount of money. The biggest thanks of all goes to the people who came along and spent money and enjoyed the evening.



Soup & Pudding Lunch

in aid of Rionnagan Rois
(The Ross-shire Youth Gaelic Choir)



Saturday 6 May 2017
St. Clement's Church Hall, Dingwall
12.00pm - 2.00pm

Adults: £5 School Children: £3

Admission also includes tea/coffee
following the soup and pudding

Rionnagan Rois is a registered charity in Scotland (SC045872)



Tha sreath leabhairchean bho Acair a-nis rim faighinn mar eLeabhairchean tro Apple iBooks, agus iad uile aig pris sònraichte de £5.99 airson ùine ghoirid. Tha sreath Aiteal, sgrìobhaidhean sgoinneil bho sgrìobhadairean sgaiteach, air a bhith a fàs thairis air nam bliadhnaichean, agus naoi tiotal a-nis rim faighinn.

Aiteal, Acair's series of Gaelic novels, is now available to buy through Apple iBooks! Buy each title for only £5.99 for a limited time.

www.acairbooks.com

Ro-òrdaich leabhairchean Aiteal mar E-leabhairchean a-nis air Apple iBooks


Rim faighinn air 17.04.17

Pre-order Aiteal novels as eBooks now on Apple iBooks

Released on 17.04.17

Mil san Ti? le Seonag Monk

1977 - 2017
40



Leabhairchean Aiteal a-nis mar E-leabhairchean

Ceannach tro Apple iBooks. Direach £5.99 airson gach leabar.

Aiteal novels now available as eBooks

Buy through Apple iBooks for only £5.99 each.

www.acairbooks.com

Ùr bho Acair | New from Acair


"Tha Bioran a' fuireach ann an craoibh sa choille, le Bean Biorain a ghal agus an triùir chloinne..."

Tha leabhar le Julia Donaldson a-nis ri fhaighinn bho Acair... 'Bioran' leis an ughdar a' sgrìobh 'An Gruffalo', 'Te Bheag a' Ghruffalo' agus iomadach leabhar chloinne eile, agus le na deilbh eireachdail aig Axel Scheffler, tha fios gun cord an leabhar ùri ri clann — ceannaich aig Acair air loidhne!

"Stick Man lives in the family tree, with his Stick Lady Love and their stick children three..."

Acair are pleased to release 'Stick Man' by Julia Donaldson, which has been translated into Gaelic and can now be ordered on Acair's website! From the same author as 'The Gruffalo's Child' and with the classic illustrations of Axel Scheffler, your child is sure to enjoy this modern classic.

www.acairbooks.com



Club Leabhairchean do Sgoiltean | School Book Club

Tha club leabhairchean ùr do sgoiltean aig Comhairle nan Leabhairchean, *Leum dhan Leabhar*.

Tha Comhairle nan Leabhairchean eòlach air na duilgheadasan a th' aig sgoiltean ann an sgìrean iomallach ann a bhith a' feuchainn ri leabhairchean Gàidhlig a lorg dha na sgoilearan aca. Tha an club seo a' toirt cothrom do sgoiltean a tha a' tabhann Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sealladh fhaighinn air farsaingeachd de leabhairchean Gàidhlig, agus tha e a' brosnachadh leughadh airson tlachd am measg nan sgoilearan.

Tha *Leum dhan Leabhar* coltach ri clubaichean-leabhairchean eile ann an sgoiltean – bidh tidsearan ag iarraidh taghadh de leabhairchean Gàidhlig a ghabhas a thaisbeanadh aig tachartasan sònraichte, leithid fèisean, oidhche nam pàrant, no làithean fogailte. Bidh sinn a' cur measgachadh de leabhairchean gu sgoiltean – ficsean agus neo-fhicsean – a bhios ag amas air aoisean eadar-dhealaichte, bho chròileagan gu àrd-sgoilearan. Faodaidh sgoilearan agus pàrantan leabhairchean a thaghadh agus òrdan a chur thugainn tron sgoil. Togaidh Comhairle nan Leabhairchean na bogsaichean as dèidh an tachartais agus cuiridh sinn na leabhairchean a chaidh òrdachadh air ais dhan sgoil cho luath 's a ghabhas.

Bidh Comhairle nan Leabhairchean a' dèanamh sgrùddadh air na leabhairchean a thèid a chur gu sgoiltean gu cunbalach, gus a bhith cinnteach gum bi sgoiltean a' faighinn na tiotalan as ùire, air am bi na sgoilearan measail. Bidh sinn ag iarraidh air sgoiltean rabhadh mìos a thoirt dhuinn gus an tèid na leabhairchean a chur thugaibh ron tachartas.

Airson tuilleadh fiosrachaidd mu dheidhinn *Leum dhan Leabhar* no airson bogsa leabhairchean fhaighinn, cuiribh fios gu Shelagh Chaimbeul, Oifigear Reic is Margaidheachd, aig shelagh@gaelicbooks.org no fòn gu 0141 337 6211.


The Gaelic Books Council has an exciting school book club, *Leum dhan Leabhar*.

The Gaelic Books Council is particularly aware of the difficulties that schools in more remote areas experience when trying to source Gaelic books for their pupils and the club gives Gaelic Medium schools access to a wide selection of Gaelic books and encourages reading for pleasure amongst pupils.

Leum dhan Leabhar ("jump into the book") works in a similar way to other school book clubs – teachers can request a selection of new and bestselling Gaelic books to display and sell at special events such as book fairs, parents' evenings or open days. We provide a range of fiction and non-fiction titles aimed at all age groups, from early years up to high-school pupils. The school takes orders for books from parents and pupils, the Books Council uplifts the inspection boxes and returns ordered books to the school.

The Gaelic Books Council constantly reviews book lists to ensure that schools receive the most relevant and up-to-date books in the inspection boxes. Schools are asked to contact the Gaelic Books Council at least a month before their event to ensure that the inspection boxes can be delivered on time.

For more information about *Leum dhan Leabhar* or to place an order for boxes of books, please contact Shelagh Campbell, Sales and Marketing Officer, at shelagh@gaelicbooks.org.



Thòisich an t-slige gu ruige Cuirtean Deireannach Cuach na Cloinne 2017 air Diardaoin 20 Giblean le farpais roinneil Uibhist is Bharraigh a' gabhail àite, aig Sgoil Dhalabroig. Chaith farpais roinneil Leòdhais sna Hearadh a chumail air Dihaoine 21 Giblean, aig a' Phàirce Ùile-aimsir, Slige Mhic a' Ghobhaínn, Steòrnabhagh, le na farpaisean roinneil eile, air an cumail air feadh Alba, sa chola-deug a th' air thoiseach oirnn. Coinnichidh na sgiobannan a ghlèidheas na farpaisean roinneil sna Cuirtean Deireannach, a thèid an cumail aig páirce Caley Thistle Inbhir Nis F C air Dimàirt 30 Cèitean.

'S e co-fharpais ball-coise nàiseanta a th' ann an Cuach na Cloinne, a tha a' cruthachadh chothroman do dhaoine òga bho sgoiltean air feadh Alba a tha ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, a bhith a' coinneachadh agus a' farpais an aghaidh a chèile agus tha e a' dèanamh ceangal eadar an sgilean cànan Gàidhlig agus ball-coise ann an dòigh in-ghabhalach agus dibhearsaineach. Tha an fharpais air a cumail gu tur tro mheadhan na Gàidhlig.

Air a' bhliadhna-sa bidh 58 sgiobannan, a' riochdachadh 34 sgoiltean, a' gabhail pàirt san fharpais, àireamh as àirde a-riamh a' gabhail pàirt san fharpais. Sann am farpais roinneil Leòdas sna Hearadh as mothà a bhios sgiobannan, le 19 sgiobannan a' riochdachadh 11 sgoiltean an sàs ann.

Tha Cuach na Cloinne 2017 air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig, Comhairle nan Eilean Siar agus Comhairle na Gàidhealtachd agus air a chur air dòigh le Comunn na Gàidhlig.

The journey to the Cuach na Cloinne 2017 Finals commenced on Thursday 20 April with the Uist & Barra regional competition taking place at Daliburgh School. The Lewis & Harris regional competition took place the following day, Friday 21 April, at the All-weather Pitch at Smith Avenue, Stornoway with the other regional competitions, taking place across Scotland over the next fortnight. The winning teams from the regional competitions will meet in the Finals, which will be held at the Inverness Caledonian Thistle F C park on Tuesday 30th May.

Cuach na Cloinne is a national football competition, which creates an opportunity for young people from schools across Scotland who attend Gaelic Medium Education to meet and compete against each other and combines their Gaelic linguistic and footballing skills in an inclusive and entertaining manner. The competition is held entirely in Gaelic.

A record number of teams will participate in this years competition with 58 teams representing 34 schools taking part nationally. The Lewis & Harris regional competition will involve the highest number of teams with 19 teams representing 11 schools taking part.

Cuach na Cloinne 2017 is funded by Bòrd na Gàidhlig, Comhairle nan Eilean Siar and The Highland Council and organised by Comunn na Gàidhlig.



Sgoil Shiaboist, a ghlèidh Cuach na Cloinne 2016

Shawbost School, winners of the 2016 Cuach na Cloinne competition

FAR PAIS CHEIST

QUIZ

AIG

COMUNN EACHDRAIDH NIS

Duisais £40 Prize

SGIOBAIDHEAN DE 4:

Feumaidh Gàidhlig a bhith aig co-dhiù aon neach

Teams of 4 with at least 1 Gàidhlig speaker

TEAMS OF 4

Measgachadh de cheistean le cuairtean air:

FIOSRACHADH COITCHEANN

AINMEAN ÀITE

TOIMHSEACHAIN

CÒ TH' ANN? A' BHLIADHNA 1977

SPÒRS

Questions on topics like :

GENERAL KNOWLEDGE

PLACE NAMES

SPORTS

RIDDLE ROUND

WHO'S WHO?

THE YEAR 1977

Comunn Eachdraidh Nis

6:30F

Register your team & pre order food by Thur 5pm

Fresh Fish
Beef Burger
Chicken Burger
Veg Burger & chips

01851 810 377
office@cenonline.org

Iomairt Ghàidhlig
Far Thuath Leòdhais

FEAR NAN CEIST

Ryno Moireasdain

Dihaoine Friday

12 Cèitean May 12

Duais Sgrìobhaidh do Chlann ann an Gàidhlig | Gaelic Writing for Children Award

Meal a naidheachd air Mary NicGilliosa a bhuanach an duais airson Sgrìobhadh do Chlann ann an Gàidhlig 2017, le Acair agus Western Isles Libraries, air feasgar Dihaoine a chaidh anns An Lanntair, Steòrnabhagh.

Dealbhan le Dena Anne NicLeòid



Congratulations to Mary Gillies who won the prize for Writing for Children in Gaelic 2017, by Acair and Western Isles Libraries, last Friday afternoon in An Lanntair, Stornoway.

Pictures by Dena Anne NicLeòid



Tachartasan ann an Dùn Èideann | Events in Edinburgh

Bheil ùidh agad ann an òrain Gàidhlig? Cothrom seinn, tì agus ceic còmhla ri Ailean Dòmhnullach!

Bidh na clasaichean air Diluain 24mh den Ghiblean, 8mh, 15mh agus 29mh den Cheitean, 7f gu 8f aig Taigh an Dorsair, Taobh na Pàirce, Dùn Èideann. 5 nòt gach clas.

Airson clàradh no barrachd fhaighinn a-mach, cuir post-d gu ann@cnag.org no fòn gu: 07771807880.

Deich Bliadhna Bhuaithe:

Dealbh-chluich le Alison Lang

Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig

Dimàirt, 13 An t- Òg-mhios 2017, 7f
aig Ionad nan Sgeulachdan, Dùn Èideann.

'Deich bliadhna bho dheireadh a' Chogaidh Mhòir, agus aig cèilidh ann an Ceap Breatainn tha Ùisdean, Màiri Anna agus na h-aoghean aca a' cuimhneachadh air na h-eileanan a dh'fhàg iad...'

Air a thaisbeannadh le sgoilearan Sgoil Chiùil Mhoire agus Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbuig agus ga stiùireadh le Ann McCluskey agus Alison Lang.

Òrain Mhurchaidh Mhic Phàrlain agus ceòl ùr leis na sgoilearan fhèin.

Interested in Gaelic singing? Come and learn over a cuppa and cake. We're offering a wonderful opportunity to learn with Ailean Dòmhnullach.

Classes will be held on Monday 24th April, 8th, 15th and 29th May, 7pm to 8pm in Taigh an Dorsair, Edinburgh. £5 per class.

To register, or find out more, email ann@cnag.org or call 07771807880.

Deich Bliadhna Bhuaithe:

A play by Alison Lang

Supported by Bòrd na Gàidhlig

Tuesday 13 June 2017, 7pm.
Scottish Storytelling Centre

'Ten years after the Great War, cèilidh guests in Ùisdean and Màiri Anna's house in Cape Breton remember the old country and the islands they've left behind...'

Performed by pupils from St Mary's Music School and James Gillespie's High School, the production is directed by Ann McCluskey and Alison Lang.

Featuring the songs of Murdo MacFarlane and original music by the pupils themselves.

CALUM ALEX MACMILLAN



Award winning Gaelic singer Calum Alex Macmillan unveils his new solo album **TILL** (Return), featuring traditional and contemporary Gaelic songs and piping from his native Isle of Lewis.

One Touch Theatre, Eden Court

Saturday 6th May 7:30pm

£12/£10



BOX OFFICE 01463 234 234
eden-court.co.uk

calumalexmacmillan.co.uk

Duais Sònraichte dha Josie agus Pablo | Top Award for Josie and Pablo

Meal an naidheachd air Josie Duncan agus Pablo Lafuente a choisinn Duais Òigridh Folk BBC Rèido 2 bho chionn ghoirid.

Thàinig iad còmhla mar bhuidhean aig Fèis Celtic Connections ann an 2016 agus tha iad air a bhith trang a' cluich air feadh an àite bhon uairsin. 'S e seinneadair agus sgrìobhaiche folk à Eilean Leòdhais a th'ann an Josie Duncan. Ghabh Josie pàirt ann am Mòdan aig ire Ionadail agus Nàiseanta fhad's a bha i ag èirigh suas. An dràsta tha i anns a' bhiliadhna mu dheireadh aice ann an Conservatoire Rìoghail na h-Alba, far am bheil i a' dèanamh òrain Gàidhlig, òrain Albais agus Clàrsach.

'S ann às an Spàinn agus Sruighlea a tha Pablo Lafuente agus bidh esan a' cluich a' ghiotàr agus an fhidheall. 'S e Spàinnteach a th'ann an athair Phablo agus 's e Albannach a tha na mhàthair. Bha Pablo ann an Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd agus chaidh e a Ghlaschu à sin, far am bheil e a' cluich a' ghiotàr làn-ùine.

Chur timcheall air 200 a-steach airson duaisean folk na bliadhna-sa agus chaidh 10 a thaghadh airson an iar-chuairt dheireannach ann an Kendal, le Josie agus Pablo nam measg. Fhad's a bha iad an sin, fhuair iad cothrom pàirt a ghabhail ann am bùthan-obrach agus tachartasan buidhnean agus chòrd sin riutha gu mòr. Ged a bha iad toilichte leis mar a rinn iad air an oidhche cha robh iad idir a'sùileachadh gum faigheadh iad troimhe chun chuairt deireannach!

Bha iad glan air an dòigh. Chaidh iad sios a Lunnainn air an 5mh den Giblean airson a'chuairt dheireannach ann an Tallainean Albert far an do choisinn iad an duais shònraichte a tha seo. Meal an naidheachd dhaibh dha rìreabh.



[Bruthaibh an seo](#) airson duilleag Facebook Josie agus Pablo

Congratulations to Josie Duncan and Pablo Lafuente on their recent Radio 2 Young Folk Award.

Josie and Pablo are an exciting new Scottish song-based duo. Since joining forces at Celtic Connections 2016, they have been busy performing around Scotland. Josie Duncan is a young folk singer and songwriter hailing from the Isle of Lewis. She grew up participating in Mods at both Local and National level. She is currently based in Glasgow and on her final year of studying Gaelic Song, Scots Song and Clàrsach at The Royal Conservatoire of Scotland. Pablo Lafuente is a young guitarist and fiddler from Spain and Stirling. Pablo's Father is Spanish and his Mother is Scottish. After studying at The National Centre for Excellence in Plockton, Pablo moved to Glasgow, where he is highly in demand as a full time guitarist.

About 200 acts sent in recordings for this year's Radio 2 Folk Awards from which 10 were picked. Josie and Pablo performed at the semi-finals in Kendal, where they also took part in workshops and groupwork activities. They were happy with their performance but were so blown away by the other acts that they did not expect to get through to the final.

On the 5th of April they flew down to London for the finals which took place in the Albert Hall. Josie and Pablo thoroughly enjoyed the experience. Congratulations to them both on their well deserved award.

SUMMER 2017 GIGS

Josie Duncan & Pablo Lafuente:
Hebridean Celtic Festival 22 July
Cambridge Folk Festival 30th July
Cropredy Festival 11th August
Best of West Festival 9th September

Josie & Inyal:
Collonsay 15th September
Skye Live 22nd September





An robh fios agaibh gu bheil làrach-lìn aig Comataidh Mòd Ionadail Loch Abar? Gheibhearr fiosrachadh a thaobh àiticheadh-fuireach, tachartasan agus dòighean far am b' urrainn dhuibh an cuideachadh.

Did you know that the Lochaber Local Organising Committee have their own website? You will find lots of information including updates on available accommodation, events and ways that you can get involved in this year's Royal National Mòd.

www.modlochabar.com

Feumaidh sinn taic! We need you!

Tha Comataidh Ionadail Mòd Loch Abar 2017 a' lorg luchd-cuideachaidh a tha deònach taic a thoirt mar stiùbhardan aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail san Dàmhair.
Thèid am Mòd a chumail air 13-21 an Dàmhair am bliadhna.

Thèid fàilte air a h-uile duine fiù 's ged nach eil sibh saor ach airson leth-latha.

Ma tha ùidh agaibh ann a bhith nur stiùbhard, cuiribh fios gu:
lochabar2017@gmail.com

Bhiodh e na chuideachadh mòr nam b'urrainn dhuibh am fios seo a' sgaoileadh fad is farsaing!

Whether you can donate your time for half the week or half a day we would be delighted to have you on board. The Mòd will run from Friday 13th of October to Saturday 21st of October.

If you are interested in stewarding for us please contact us at:
lochabar2017@gmail.com

Even assistance for a half day would be welcome.

We would be very grateful if you could share this information far & wide!



A' Chomhdhail Cheilteach Eadar-nàiseanta | International Celtic Congress

Pearlt, An t-luchar 17mh – 22mh 2017

Tha Meur Alba a'toirt aoigheachd dhan tachartas seo am bliadhna. Tha a' Choinneamh Bhliadhnaile seo a' gabail àite ann an Taigh-Osta Mercure, am Peart.

'Se cuspair na Comhdhail "Dualchas Ciuil nan Dùthchanan Ceilteach". Is iadsan A' Bhreatunn Bheag, A' Chorn, Eireann, Eilean Mhanainn, Alba agus A' Chuimrigh.

Tha Meur Alba an dòchas fàilte bhlàth a chur air na teachdairean agus tha prògram farsuing agus inntinneach air a chur air dòigh romhpa. Bidh òraidean làitheil air a' chuspair ann, splaoidean a-mach gu àiticheadh annasach mar na Kelpies, agus Cèlidhean neo-fhoirmeil saor an asgaidh bho fheasgair Diluain gu Diardaoin, far am faod neach sam bith a tha deònach pàirt a ghabhail.

Tha a' Chomhdhail a' tighinn gu crich feasgar Dihaoine le sar-Chonsairt Eadar-nàiseanta. Faodar a bhith làthair bho là gu là, aig cosgais £10.00 gach seisean, agus thathar an dòchas gun gabh daoine an cothrom pàirt a ghabhail anns an tachartas shònraichte seo.

Tuilleadh fiosrachadh bho Jean Chaimbeul (Rùnaire)
Post-d: camuskellaig@gmail.com

Perth, July 17th – 22nd 2017

The Alba Branch of the above is hosting this International Event at the Mercure Hotel, Perth.

The theme of the Congress is "The Musical Traditions of our Celtic Nations", which comprise Brittany, Cornwall, Ireland, Isle of Man, Scotland and Wales.

The Branch looks forward to welcoming a fair representation of delegates from each nation, and an extensive and interesting programme of events has been organised. This includes daily Presentations on the theme from invited speakers, afternoon outings to places of interest, Scone Palace, The Falkirk Wheel and The Kelpies. Free, informal Ceilidhs will take place each evening , Monday to Thursday, featuring local and international artistes and their instruments.

The Congress finishes on Friday evening with a Grand International Concert. There is provision for attendance on a daily basis at a cost of £10.00 per Session. It is hoped that as many interested parties as possible will attend this special Event.

Further information available from:

Jean Campbell (Secretary)

Email: camuskellaig@gmail.com



www.celticcongressalba.co.uk

CEÒLAS Òran

Programme

Friday 5th May

7.30pm Carinish Hall. 'Fuaigh' - A play by
**Rona MacDonald w/ Gillebride
MacMillan & Guthan an Iar**

followed by a Q & A session. **£10/8**

Saturday 6th May

'Danns' ri Puir' Workshop w/ Naomi &
Will

2 x sessions- 10 - 12 & 2 - 4 Carinish Hall
£10/8

7.30pm. Carinish Hall - Concert w/ **Tiarnàn,
Laoise & Kathleen** w/ support from Naomi
Harvey & Will Lamb. **£10/8**

Sunday 7th May


4pm - 6pm **Song** session in **Lochboisdale**
hotel.

CEÒLAS
GLEUS HOUSE
DALIBURGH. S. UIST. HS8 5SS.
info@ceolas.co.uk 01878 700154
www.ceolas.co.uk

Òran 's Fonn

Ceòlas Song

5th, 6th & 7th May 2017



ceòlas



TIARNAN Ó DUINNCHINN, LAOISE KELLY & KATHLEEN MACINNES

SPRING TOUR

UILLEANN PIPES, IRISH HARP & GAELIC SONG

MAY 2017

- | | | |
|----------|-------|---|
| WED 3RD | 20:00 | Sabhal Mòr Ostaig, ISLE OF SKYE |
| THU 4TH | 20:30 | West Highland Hotel, MALLAIG |
| FRI 5TH | 20:00 | Uig Community Centre, ISLE OF LEWIS |
| SAT 6TH | 19:30 | Ceòlas, Carinish Hall, ISLE OF NORTH UIST |
| WED 10TH | 19:30 | National Piping Centre, GLASGOW |
| FRI 12TH | 20:00 | Caol Community Centre, FORT WILLIAM |
| SUN 14TH | 19:00 | Scottish Poetry Library, EDINBURGH |

BÓRD NA
GÁIDHLIG

ceòlas

**An t-Urramach Calum MacLeod
Bho Sgìre Úige gu Both Chuidir
le Graham Cooper**

Phòsad an t-Urramach Calum MacLeod ri coitheanal Eaglais Bhoth Chuidir air an 10mh latha dhen t-Sultain 1937. Aig an àm sin, bha e 56 bliadhna a dh'aois. Bha beatha thrang, shoirbheachail air a bhith aige, comharrachte airson dealas ann an dà adhbhar mhòr: ministrealachd anns an Eaglais Chrìosdail agus brosnachadh cànan agus cultar nan Gàidheal.

Rugadh Calum MacLeod ann an 1881 ann an Crabhlasta, Sgìre Úige, Eilean Leòdhais. Bha ceathrar mhac agus dithis nighean aig a phàrantan, Dòmhnull agus Anna: b' e Calum an treas leanabh a bh' aca. Thòisich e air obair-sgoile ann an Crabhlasta agus lean e air leatha ann an Ard-sgoil MhicNeacail, Steòrnabhagh (1897-1900) agus ann an Ard-sgoil Ghlaschu (1900-1902). Nuair a bha e fichead 's a h-aon bliadhna a dh'aois, thòisich e air cursa foghlaim fo-cheum aig Oiltigh Dhùn Èideann agus anns a' bhliadhna 1906 chaidh ceum MA a bhuleachadh air. Dh'aithnich an t-Ollamh Dòmhnull MacFhiongain gum b' e Calum fear de na h-oileanaich a b' fhèarr a thàinig dha na clasaichean Ceilteach aige a-riamh. B' ann anns na bliadhnaichean seo ann an Dùn Èideann a dh'obraich e còmhla ri sgioba èolaichean gus cuideachadh a thoirt do dh'Eduard Dwelly leis an leabhar aige, "The Illustrated Gaelic-English Dictionary". Rinn Dwelly iomradh le buidheachas air ainm Chaluim ann an ro-ràdh an leabhair.

Às dèidh do Chaluim crìoch a chur air an fhoghlam aige ann an Colaiste Nuadh, Dùn Èideann, anns a' bhliadhna 1910, bha e air a chur an dreuchd anns an t-Srath, an t-Eilean Sgitheanach. Chaidh stاد a chur air, ged-thà, leis a' Chogadh Mhòr agus bho thoisearch na bliadhna 1915, chuir e seachad trì bliadhna ag obair le saighdearan anns an Fhraing. Bho 1916 a-mach, bha e na mhinistear-aimr còmhla ris na Ceathramh Gordanaich agus an Ròinn Ghàidhealaich, an Lethcheud 's a h-Aon. Shaothair e aig mòran bhilàran-catha a mhaireas fada ann an cuimhne a' chinne-daonna, nam measg an Somme agus Ypres.

Nuir a thill e às an Fhraing, lean Calum air le dhreuchd anns an Eaglais Shaoir Aonaichte ann an Ceann Loch Gilp. Thòisich e air ùidh a ghabhail ann an cuspairean a chumadh grèim air aire fad a bheatha: ann an obair a' Chomuinn Ghàidhealaich, agus na fhoghlam pearsanta anns a' Ghàidhlig, ann an Seann Ghaeilge, ann an eachdraidh agus ann an eachdraidh nàdair.

Ann an 1924, dh'fhàg e slàn le Ceann Loch Gilp airson gairm a ghabhail ann an eaglais thràing agus dhùbhlanaich ann an Glaschu: Eaglais Iain Knox agus Tradeston. A dh'aindeoin eallach a dhreuchd, lean e air le obair a' Chomuinn Ghàidhealaich agus dh'fhàs e gu bhith cliuiteach mar òraidiache air cuspairean Ceilteach. Bha e air a bhith dealasach mar sgriobhadair airson ràitheachan-eaglaise bhon a bha e na oileanach agus bha na sgilean seo air an aithneachadh ann an 1936, nuair a chaidh iarraidh air a bhith na dheasaiche iris mhiosail a' Chomuinn Ghàidhealaich, "An Gàidheal".

B' e seo, ann an aithghearrachd, na bha air cùlaibh Chaluim MhicLeod nuair a thòisich e air na naoi bliadhna mu dheireadh de a bheatha agus de a mhinistrealachd ann am Both Chuidir, Siòrrachd Pheairt Thar nam bliadhnaichean, bha e air cliù a chosnadh dha fhèin mar mhinistear dileas, dealasach, mar òraidiache air leth agus mar aoghair còir, coibhneil, agus chleachd e na buadhan seo airson math a choitheanail ùir. Fhad's a bha e a' fuireach ann am Both Chuidir, lean e air le obair pharsaing Eaglais na h-Alba agus a' Chomuinn Ghàidhealaich: ann an 1938, chaidh a thaghadh na Ceann-suidhe air a' Chomunn Ghàidhealaich, dreuchd a ghlèidh e gu latha a bhàis ann an 1946.

Nuir a sgrìobh e cuntas air beatha Chaluim MhicLeod, rinn an t-Urramach Tòmas MacCalmain iomradh air cho toilichte 's a bha Calum a bhith a' fuireach agus ag obair ann am Both Chuidir thar nam bliadhnaichean seo.

Ghabh muinntir paraiste Bhoth Chuidir ri Calum gu cridheil mar mhinistear agus mar charaid. Thug e tlachd dha a bhith a' bruidhinn anns a' Ghàidhlig ri a nàbaidh, Bana-mhaighstir Flòraidh Nic a' Phearsain: bha a' bhana-mhaighstir-sgoile seo à Gearrloch, Rois an lar, o thus. Chòrd e ris, cuideachd, a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig còmhla ris an luchd-sgìreachd aige, m.e. Iain MacNeachdainn, Inbhir Loch Lárig, air an do rinn Calum iomradh mar "a typical Highlander of the old-school, in his younger day a piper and Gaelic singer".

**The Reverend Malcolm MacLeod
From Uig District to Balquhidder
le Graham Cooper**

The Reverend Malcolm MacLeod (Figure 1) was inducted to Balquhidder Parish Church on the 10th of September 1937. At that time, he was a 56 year old man who had had a busy and successful life, marked for its zeal in two great causes: ministry within the Christian Church and encouragement of the language and culture of the Gael.

Malcolm MacLeod was born in 1881 in Crowlista, in the Uig district of Lewis. His parents, Donald and Anne, had four sons and two daughters: Malcolm was the third to be born. He began his school education in Crowlista and continued with it at the Nicolson Institute, Stornoway (1887-1900) and in Glasgow High School (1900-1902). When he was 21 years old, he started undergraduate studies at Edinburgh University and in 1906 he was awarded an MA degree. Professor Donald MacKinnon recognised Malcolm as one of the best students that had ever attended his Celtic classes. It was during these years in Edinburgh that he worked as part of a team of Gaelic scholars assisting Edward Dwelly with his book, "The Illustrated Gaelic-English Dictionary". Dwelly mentioned Malcolm's name with gratitude in the preface to the book.

After Malcolm had completed his studies at New College, Edinburgh, in 1910, he began his career in Strath, Isle of Skye. A halt was put to this, however, by the Great War and, from the beginning of 1915, he spent 3 years working with soldiers in France. From 1916 onwards, he was chaplain to the Fourth Gordon Regiment of the 51st Highland Division. He served at many battlefields that will live on in the memory of mankind, the Somme and Ypres among them.


When he returned from France, Malcolm continued with his ministry, now in the United Free Church in Lochgilphead. There he began to take an interest in subjects that would hold his attention for the rest of his life: the work of An Comunn Gàidhealach and his own personal education in Gaelic, Old Irish, in history and in natural history.

In 1924, he said farewell to Lochgilphead to accept the call to a busy and challenging charge in Glasgow: the Church of John Knox and Tradeston. Despite the heavy demands of his career, he continued with the work of An Comunn Gàidhealach and became respected as a speaker on Celtic subjects. He had been an enthusiastic writer for Church periodicals since a student and his skills in this area were acknowledged in 1936 when he was asked to be the editor of the monthly magazine of An Comunn Gàidhealach, "An Gàidheal".

This, in brief, was Malcolm MacLeod's background as he started the last 9 years of his life and of his ministry in Balquhidder, Perthshire (Figure 2). Over the years, he had earned a reputation as a faithful and sincere minister, as an outstanding speaker and a kindly pastor and he used these virtues for the benefit of his new congregation. While in Balquhidder, he continued to be involved in the wider work of the Church of Scotland and An Comunn Gàidhealach: in 1938, he was chosen as President of An Comunn Gàidhealach, a position he held until his death in 1946.

When he wrote an account of Malcolm MacLeod's life, the Reverend Thomas MacCalmain made mention of how happy Malcolm was to be living and working in Balquhidder over these years. The parishioners of Balquhidder warmly accepted Malcolm as both minister and friend.

*The Reverend Malcolm MacLeod
(with permission Lafayette Ltd)*



Ged a b' e a ghairm mar mhiniestar na h-Eaglaise Crìosdail an-còmhnaidh a' chìad phrìomhachas aige, bha na naoi bliadhna seo ann am Both Chuidir gu bhith glè thorrach a thaobh tabhartasan Chaluim MhicLeòid do chultar Gàidhealach agus dhan chànan Ghàidhlig.

Mar Cheann-suidhe a' Chomuinn Ghàidhealaich aig àm an Darna Cogaidh, stiùr e tional airgid, iomadh mile not, gus cuideachadh agus cofhurtachd a thoirt dha na Gàidheil a bha ri cogadh anns an Arm Bhreatannach no nam Prìosanaich Cogaidh. Chaith cuibhreann dhen ionmhas a chosg a chum leabhairchean beaga fhoillseachadh, leabhairchean le pìosan sgrìobhaidh goirid anns a' Ghàidhlig air cuspairean brosnachail. Dheasaich Calum MacLeod na leabhairchean seo, "Airgiad an Righ" (1942) agus "Seirbhis a' Chrùin" (1943). Chuir iad ris na sgrìobh agus na dh'fhoillsich e na bu thràithe: artaigilean ann an ràitheachan-eaglais agus anns an iris "An Gàidheal", "Comasan Urnuigh" (1913) (eadar-theangachadh Gàidhlig dhen leabhar "The Possibilities of Prayer" le J H Oldham), agus "An Laoideadhair" (1935) a cho-dheasaich e còmhla ri Calum MacIllFhinnein.

Bhiodh a' mhòr-chuid de dhaoine dhen bheachd, ged-thà, gum b' e an leabhar "An Iuchair Òir" (1950) an tabhartas a bu luachmhoire a chuir Calum MacLeod ri litreachas na Gàidhlig. Tha e na chruinneachadh de shearmonan agus de dh'òraidean rèidio a bha air an taghadh le Calum fhèin mus do chaochail e. Tha na searmonan soisgealach, dòmhainn agus air an sgrìobhadh ann an Gàidhlig bhreaga a tha beairteach ann an gnàthasan-cainnt agus fiosrachadh eachdraidheil. Sgrìobh Tòmas MacCalmain, deasaiche an leabhair, eachdraidh-beatha Chaluim mar ro-ràdh, pìos sgrìobhaidh a tha an dà chuid grinn agus làn fiosrachaidh.

Tràth anns a' bhliadhna 1946, cho-dhùin Cinn-iùil Oïlthigh Dhùn Eideann gus ceum Dotair na Diadhachd a bhuileachadh air Calum MacLeod mar chomharrà urramach air a shaothair às leth an dà chuid na h-Eaglaise agus cultar agus cànan nan Gàidheal. B' i cùis-bhròn a bh' ann nach deach an t-urram seo a thoirt gu buil. Chaochail Calum ann an Glaschu air an 21mh dhen Ògmhios 1946 às deidh dha fàs tinn fhad 's a bha e air turas sgrùdaidh timcheall nan Stèiseanan Miseanaraidh anns na h-Eileanan Siar. Bha a bhean, Blanche, a dhithis nighean, Blanche ("Babs") agus Catriona, agus mòran chàirdean ga chaoidh. Tha an uaigh aige ann an cladh Bhoth Chuidir, comharrachte le crois Cheiltich air a dealbhadh le a charaid, Cailean Mac na Ceàrdach PhD. Aig bun na croise tha faclan simplidh ann a tha a' toirt geàrr-chunntas air beatha a' mhiniestar dhilis seo: "Thaisbean e gum bu duine le Dia e".

Tùsan

"An luchair Òir" (1950), deasaichte leis an Urramach T M MacCalmain, Comunn nan Trachdaichean, Sruighlea Tasglann Comhairle Shruigleá Anne Gorrod, ogha Chaluim MhicLeòid Dòmhnull Iain MacLeod, Glinn Eilge

Tha mi fada an comain Mairead Niclomhair airson a cuideachaidh.



Gleann Bhoth Chuidir ann an ciaradh an fheasgair

It gave him pleasure to speak in Gaelic to his neighbour, the schoolmistress, Flora Macpherson: she was originally from Gairloch, Wester Ross. He also enjoyed conversing in Gaelic with his parishioners, e.g. John MacNaughton of Inverlochlarig, described by Malcolm as "a typical Highlander of the old-school, in his younger day a piper and a Gaelic singer".

Although his calling as a minister of the Church was always his first priority, these nine years in Balquhidder were to be very fruitful with regard to Malcolm MacLeod's contribution to Highland culture and the Gaelic language.

As President of An Comunn Gàidhealach at the time of the Second World War, he directed collection of funds, many thousand pounds, to bring help and comfort to the Highlanders serving in the British Army or held as Prisoners of War. Some of this money was spent in publishing small books containing short articles in Gaelic on uplifting topics. Malcolm MacLeod edited these books, "Airgiad an Righ" [The King's Shilling] (1942) and "Seirbhis a' Chrùin" [The Service of the Crown] (1943). They added to his earlier output of writing and publishing: articles in Church periodicals and "An Gàidheal", "Comasan Urnuigh" (1913) (a translation of the book "The Possibilities of Prayer" by J H Oldham), and "An Laodheadair" (1935) that he co-edited with Malcolm MacLennan.

Perhaps most would agree, however, that the book "An luchair Òir" (1950) was the most valuable contribution made by Malcolm MacLeod to Gaelic literature. It is a collection of sermons and radio talks that were chosen by Malcolm himself before he died. The sermons are evangelical, profound and written in beautiful Gaelic, rich in idiom and historical information. Thomas MacCalmain, editor of the book, wrote a biography of Malcolm as an introduction, a piece of writing that is both elegant and informative.

Early in 1946, the Senate of Edinburgh University decided to award the degree of Doctor of Divinity to Malcolm MacLeod in honour of his work for both the Church and for Highland culture and language. Sadly, this honour was never to be bestowed. Malcolm died in Glasgow on the 21st of June 1946 after becoming unwell in the course of a trip to visit Missionary Stations in the Western Isles. He was mourned by his wife, Blanche, his two daughters, Blanche ("Babs") and Catriona, and by many friends. His grave is in Balquhidder churchyard, marked by a Celtic cross designed by his friend, Colin Sinclair PhD. At the base of the cross, simple words give a synopsis of the life of this faithful minister, "Thaisbean e gum bu duine le Dia e" (He made it manifest that he was a man of God).

Sources

"An luchair Òir" (1950), edited by T M MacCalmain, published by Stirling Tract Enterprise
Stirling Council Archive
Anne Gorrod, Malcolm MacLeod's granddaughter
Donald John MacLeod, Glenelg

I am greatly indebted to Margaret McIver for her help.



His grave is in Balquhidder churchyard, marked by a Celtic cross designed by his friend, Colin Sinclair PhD. At the base of the cross, simple words give a synopsis of the life of this faithful minister, "Thaisbean e gum bu duine le Dia e" (He made it manifest that he was a man of God).



FÈISGOIL

Tha cothroman ùra air eirigh tron t-seirbheis foghlaim Fèisgoil aig Feisean nan Gàidheal.

Tha sinn a' sireadh dhaoine le Gàidhlig, eòlas air teagasc ann an suidheachadh sgoile no coimhearsnachd agus sgilean seinn, ciùil agus/no cleasachd, airson obair a ghabhail os làimh anns na prògraman a bhios sinn a' libhrigeadh ann an sgoiltean air feadh Alba.

Bidh trìanadh, taic le goireasan, tuarastal aig irean proifeiseanta agus cosgaisean siubhail ri fhaotainn. Ma tha sibh airson ùidh a nochdad, no barrachd fhaighinn a-mach, cuiribh fios gu Eilidh NicChoinnich, Manайдsear Fèisgoil eilidh@feisean.org no 01463 225559.

www.feisean.org

Oidean a dhìth



The Feisean nan Gàidheal a' fadainn taic bho na buidhean seo | Feisean nan Gàidheal is supported by the following bodies



Bidh Sgoil Shamhraidh Dràma na bliadhna sa a' ghabhail àite ann am Port Rìgh eadar 3 agus 15 luchar 2017 agus tha roghainn agad cur a-steach airson àite rè a' chiad seachdain a-mhàin no an ceala-deug air fad.

Tha an Sgoil Shamhraidh Dràma fosgalite do dh'iarrtasan bho deugairean a bhruidhneas Gàidhlig a bhios eadar 13 agus 18 aig àm na Sgoile.

This year's Sgoil Shamhraidh Dràma will take place in Portree between the 3rd and 15th of July 2017 and applicants have the choice of applying for a place during the first week only or the full fortnight.

Applications from Gaelic speaking teenagers aged between 13 and 18 at the time of the School are welcome.

Tuilleadh | More Info: <http://www.feisean.org/en/gaelic-drama-summer-school/>



NEACH-TEAGAISG ÀRD-SGOILE (GÀIDHLIG)

Àite: Acadamaidh Hazlehead, Obar Dheathain

Tuarastal: £22,416 - £35,763 sa bhliadhna

Uairean: 35.00 gach seachdain

Seòrsa Cùmhaint: Maireannach (Làn-thìde)

Ceann-là airson iarrtasan: Didòmhnaich 7 Cèitean

Gus an dreuchd a dhèanamh nas tarraigiche, tha Comhairle Baile Obar Dheathain a' tabhann sùim airgid a bharrachd gus an obair seo a lìonadh. Gheibhear £5,000 airson an obair a ghabhail agus £8,000 a chuidicheas le cosgaisean airson gluasad a dh'Obar Dheathain.

Cuiribh iarrtas a-steach tro: My Job Scotland

Ma tha tuilleadh fiosrachaидh a dhìth oirbh, cuiribh fios gu:

Anne Thirkell, Comhairle Baile Obar Dheathain.

AThirkell@aberdeencity.gov.uk



Lorg obair ùr ann an saoghal na Gàidhlig le Obraichean Gàidhlig

Find a new job in the world of Gaelic with Obraichean Gàidhlig

Tadhail air / Visit: www.obraichean.co.uk

Obraichean
Gàidhlig



Bòrd na Gàidhlig a' Toirt Taic don Phròiseact Cnoc Soilleir

Dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig an naidheachd an-diugh gu bheil iad air maoineachadh a thoirt don phròiseact Cnoc Soilleir ann an Uibhist. 'S e a th' anns a' phròiseact, compàirteachas eadar Ceòlas Uibhist agus Colaisde a' Chaisteil (OGE) gus ionad a stèidheachadh airson ceòl na Gàidhlig, dannsa is dualchas. Thathar an dùil leis an ionad ùr togail air is cur ris an obair aig Ceòlas, a tha air a bhith soirbheachail ann a bhith toirt chothroman do dhaoine Gàidhlig a chleachdadhe ann an suidheachaidhean nàdarra sa choimhairsnachd agus ann a bhith cur nan ealain Gàidhlig is cultar na Gàidhlig fa chomhair an t-sluaigh gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta.

Tha Bòrd na Gàidhlig air maoineachadh luach £150,000 a thoirt seachad mar phàirt den £7m a chosgas am pròiseact, agus tha am pròiseact air maoineachadh a ghleidheadh bho Riaghaltas na h-Alba mu thràth.

Thuirt Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig, Ailean Dòmhnlach: "Ma thathar a' dol a thoirt ath-bheothachadh air mion-chànan, tha e gu math cudromach gun tèid àrdachadh a thoirt air inbhe a' chànan agus gum bi i air a cleachdadhe barrachd am measg dhaoine, agus tha e a cheart cho cudromach gun tig buannachdan eaconamach bho iomairtean is tachartasan co-cheangailte ris a' chànan. Leis a' phròiseact Cnoc Soilleir, tha sinn a' faicinn eisimpleir fior mhath de na buannachdan eaconamach is sòisealta anabarrach mòr as urrainn a bhith agad leis a' Ghàidhlig. Tha clù eadar-nàiseanta air a bhith aig Ceòlas o chionn fhada, agus dlùth cheanglaichean aca ri Alba Nuadh, agus tha iad air togail air cho làdir's a tha a' Ghàidhlig agus dualchas na Gàidhlig ann an Uibhist a Deas gus cur ris a' chliù sin.

"Bidh Cnoc Soilleir a' toirt àite gu math sònraichte do chànan, cultar agus coimhairsnachd na Gàidhlig. Tha na h-ealain Ghàidhlig fior chudromach do chor a' chànan ann an Alba. Tha iad a' brosnachadh dhaoine gu bhith cleachdadhe na Gàidhlig, a' togail iomhaigh a' chànan, a' tàladh dhaoine gu bhith togail uidh sa Ghàidhlig agus a' piobrachadh dhaoine gu bhith dileas don chànan. Tha am pròiseact seo cuideachd a' dol a chruthachadh bhuannachdan eaconamach is sòisealta mòra airson Uibhist, tro obraichean ùra agus airgead ùr a thig a-steach don sgire. Tha e a' dol a chuideachadh le bhith toirt meudachadh air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig agus air na cothroman gus an cànan a chleachdadhe. 'S ann tro iomairtean innleachdach mar seo a bu chòir dhuinn a bhith feuchainn ri taic a thoirt don Ghàidhlig agus do ar coimhairsnachdan dùthchail."

Thuirt Catriona Nic an t-Saoir, a tha na Ball den Bhòrd Stiùridh aig Ceòlas, agus i a' cur fàilte air an naidheachd: "Tha am Bòrd Stiùridh aig Ceòlas air an dòigh gu bheil Bòrd na Gàidhlig a' cur an taice ris a' phròiseact Cnoc Soilleir leis an tabhartas fhialaidh seo. Cuidichidh am maoineachadh bhon Bhòrd le bhith stèidheachadh ghoireasan ùra, feumail airson teagasc na Gàidhlig an cois an ionaid a thèid a thogail aig Cnoc Soilleir, agus curridh sin fhèin ris na comasan a th' aig Ceòlas airson iomairtean ionnsachadh cànan a libhrigeadh an teis-meadhan coimhairsnachd Ghàidhlig Uibhist a Deas. Bidh Cnoc Soilleir air leth cudromach don Ghàidhlig, do dh'Uibhist agus dha na h-Eileanan air fad agus tha maoineachadh Bhòrd na Gàidhlig a' dearbhadh mar a tha taic a' fàs don phròiseact innleachdail, chom-pàirteach seo. Tha mi toilichte a ràdh gu bheil sinn a' gluasad air adhart agus gum bi barrachd fios a' nochdadh sna seachdainean ri thighinn."

Bòrd na Gàidhlig Supports Cnoc Soilleir Project

Bòrd na Gàidhlig has today announced funding for the Cnoc Soilleir project in Uist. The project is a partnership between both Ceòlas Uibhist and Lewis Castle College (UHI) to establish a centre for Gàidhlig music, dance and cultural heritage. It has been designed to support the growth of Ceòlas, which has been successful in using the Gaelic language naturally within a community setting and attracting national and international audiences to the Gaelic arts and culture.

Bòrd na Gàidhlig has awarded funding of £150,000 towards the £7 million project which has already received Scottish Government funding.

Bòrd na Gàidhlig Cathraiche (Chair), Allan MacDonald, said: "Increasing the use and status of any minoritised language is important in its revitalisation, as is the economic benefit from activities connected with the language. The Cnoc Soilleir project is an excellent example of the Gaelic language's unlimited potential in generating both economic and social benefits to Scotland. Ceòlas has long been enjoyed by a worldwide audience, including strong connections with Nova Scotia, and has played on the linguistic and cultural strengths of South Uist in particular."

"Cnoc Soilleir will involve the Gaelic language, culture and community in a unique way. The use of Gaelic in the arts is vital to the future of the language in Scotland, playing an important role in encouraging its use, increasing its visibility, strengthening its appeal while maintaining loyalty to it. The project will also create new large economic and social benefits to Uist, through the creation of jobs and the generation of additional revenue streams. At the same time it will help increase the number of Gaelic speakers and the opportunities to use the language. It is through innovative initiatives such as this that we must look to support the Gaelic language and our rural communities going forward."

Welcoming the funding, Ceòlas Board Member, Catriona MacIntyre, said: "The Ceòlas board are delighted that Bòrd na Gàidhlig is supporting the Cnoc Soilleir project with this generous grant. The Bòrd na Gàidhlig grant will enable us to establish new and improved facilities for teaching Gaelic at the forthcoming Cnoc Soilleir centre and will support the growth of Ceòlas' Gaelic language learning activities in the heart of South Uist's Gaelic community. Cnoc Soilleir will be hugely important for Gaelic, for Uist and for the Western Isles and the Bòrd na Gàidhlig grant demonstrates the increasing support for this ground-breaking partnership project. I'm pleased to say that we are at a really exciting point right now, so expect more announcements in the next few weeks."

Cùrsa Ceuma Ùr do Thidsearan Gàidhlig gu bhith air a Thabhan le Sabhal Mòr Ostaig

Tha Sabhal Mòr Ostaig (SMO), an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig, gu bhith libhrigeadh cùrsa ùr do dhaoine a tha airson a bhith nan tidsearan Gàidhlig. Fhuair an ceum, BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam, dearbhadh bho Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (OGE) agus barantas bho Chomhairle Choitcheann Luchd-Teagaisg na h-Alba (GTCS) o chionn ghoirid agus tòisichear a' tabhann a' chùrsa ùr san t-Sultain am-bliadhna.

Bidh an ceum ùr mar phàirt den phrògram oideachaidh aig SMO agus bidh an cùrsa air a theagasc tro mheadhan na Gàidhlig agus bithear a' cur cuideam air dòighean teagaisg càinain, bogadh càinain agus dà-chànanas. Seo a' chìad turas a tha SMO air a bhith os cionn cùrsa trèanaidh do thidsearan, agus tha an cùrsa airson daoine a tha airson a bhith nan tidsearan bun-sgoile Gàidhlig no nan tidsearan àrd-sgoile a bhios a' teagasc Gàidhlig mar chuspair.

Ron seo, bha SMO a' libhrigeadh cùrsa do thidsearan ann an co-bhuinn ri Oilthigh Obar Dheathain, ach a-nis leis a' cheum ùr seo, tha a' Cholaiste air a dhol na h-ionad trèanaidh nàiseanta fa leth a bhios a' toirt cothrom do thidsearan ùra Gàidhlig. Faodar oilleanach am BA (le urram) Gàidhlig is Foghlam a dhèanamh tro SMO no Colaisde a' Chaisteil, agus gabhaidh an cùrsa a dhèanamh tro fhoghlam air astar no tro theagasc air làrach na Colaiste.

Tha an ceum a' toirt cothrom do dh'oileanaich ceum le urram agus teisteanas teagaisg a chosnadh taobh a-staigh ceithir bliadhna, agus tha e na shlige direach a-steach gu trèanadh thidsearan ann an raon far a bheil gainnead luchd-obrach. Tha an cùrsa mar phàirt den t-slige ionnsachaidh aig SMO agus thathar an dùil gum bi e na roghainn tharraingeach do dh'oileanaich le ùidh ann a bhith teagasc.

Tha cursaichean teagaisg Gàidhlig rim faotainn aig Oilthigh Srath Chluaidh, Oilthigh Dhùn Èideann, OGE agus Sabhal Mòr Ostaig a-nis. Ged a tha an àireamh de thidsearan ùra air a dhol an àird sna beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, tha cruidh fheum air barrachd dhiubh fhathast, agus tha Bòrd na Gàidhlig air ceann na h-iomairt gus barrachd dhaoine a thàladh gu teagasc tron Ghàidhlig.

Tòisichidh an ceum ùr air 4 Sultain, agus gheibhearr tuilleadh fiosrachaидh mun chùrsa aig <http://www.smo.uhi.ac.uk/en/cursaichean/cursaichean-fo-cheum/>



New Degree Course for Gaelic Teachers to be Delivered by Sabhal Mòr Ostaig

Sabhal Mòr Ostaig (SMO), the National Centre for Gaelic Language and Culture, is to deliver a new Gaelic teaching degree. The BA (Hons) Gaelic and Education recently received validation from the University of the Highlands and Islands (UHI) and accreditation from the General Teaching Council for Scotland (GTCS) and the first cohort of students will begin the course in September.

The course will be part of Sabhal Mòr's degree pathway and will be taught through the medium of Gaelic and will focus on immersion and bilingual teaching practices in schools. This is the first time that SMO has taken the lead role in delivering a teacher training degree, and the course is designed for either secondary teaching (Gaelic as a subject) or Gaelic-medium primary teaching.

Previously SMO had delivered teacher training in partnership with the University of Aberdeen, but with the new course the College is now a lead provider of Gaelic teacher training giving students a unique opportunity to learn in a Gaelic-rich environment. Students can complete the BA (Hons) Gaelic and Education through SMO or Lewis Castle College, and the course can be undertaken via distance learning or on campus.

The programme provides students with the opportunity to gain an honours award and teaching qualification in four years. This allows them a direct route into teacher education, in a field where there is a skills shortage. The course is part of SMO's learning pathway and is expected to be an attractive option for students considering a career in Gaelic teaching.

Gaelic teaching courses are available from Strathclyde University, the University of Edinburgh, UHI and Sabhal Mòr Ostaig. Although the number of new Gaelic teachers graduating has risen in recent years, there remains a pressing need for more teachers, and Bòrd na Gàidhlig is at the forefront of efforts to encourage more people to choose a career in Gaelic teaching.

The first intake of students for the new degree will begin their studies on 4th September, and more information on the course can be found at <http://www.smo.uhi.ac.uk/en/cursaichean/cursaichean-fo-cheum/>



Tha Bòrd na Gàidhlig a' cumail seisean fiosrachaidh anns na h-àiteachan a leanas mar phàirt den phròiseas cho-chomhairleachaidh air an dreachd den Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2017 - 2022.

Bòrd na Gàidhlig is holding the following information sessions on the draft National Gaelic Language Plan 2017 – 2022.

Seiseanan Fiosrachaidh Information Sessions		
Dimàirt 25 Giblean <i>Tuesday 25 April</i>	19:00 - 21:00	Taigh-òsta a' Chalaith, Steòrnabhagh <i>The Caladh Inn, Stornoway</i>
Diardaoin 27 Giblean <i>Thursday 27 April</i>	19:00 - 21:00	Seòmar SGL, Cùirt an Aodainn, Inbhir Nis <i>The SGL Room, Eden Court, Inverness</i>
Dimàirt 2 Cèitean <i>Tuesday 2 May</i>	19:00 - 21:00	Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, Glaschu <i>Glasgow Gaelic School, Glasgow</i>
Diciadain 3 Cèitean <i>Wednesday 3 May</i>	19:00 - 21:00	Ionad Sgeulachdan na h-Alba, Dùn Èideann <i>The Story Telling Centre, Edinburgh</i>

Bidh fàilte air a h-uile duine.
Everyone is welcome to attend.

Bidh edar-theangachadh mar-aon ann airson neach sam bith aig a bheil feum air.
Simultaneous translation will be available.

Gheibhear an dreachd den Phlana Canain Nàiseanta Ghàidhlig 2017 - 22 bho làrach-lin Bhòrd na Gàidhlig aig www.gaidhlig.scot.
The draft National Gaelic Language Plan 2017 - 2022 is available on Bòrd na Gàidhlig's website at www.gaidhlig.scot.



Duais Bàrdachd MacDhòmhnaill Shlèite 2017

Thèid an treas farpais bàrdachd Gàidhlig airson Duais Bàrdachd MacDhòmhnaill Shlèite a chumail am-bliadhna. Chaidh an fharpais a chur air chois leis an Ridire Iain MacDhòmhnaill mar chuimheachan air a nighinn, Deborah, a dh'eug trì bliadhna air ais. Bidh an fharpais air a ruith a-rithist le Ionad Nàiseanta na Gàidhlig, Sabhal Mòr Ostaig, anns an Eilean Sgitheanach.

'S e bàrdachd air cuspair co-cheangailte ri craobhan a thathar a' sireadh agus thathar a' toirt fiathachadh do neach sam bith a bhios ri bàrdachd no aig am biodh ùidh na leithid dàn a sgrìobhadh mu dheidhinn Geug no Geugan. Thèid na dàin am meas le pannal de luchd-litreachais agus bidh duais de £500 air a thoirt seachad airson an dàin a thèid a thaghadh leis a' phannal. Feumaidh dàin a bhith air an cur gu Cairistiona NicCóinnich, Rùnaire a' Phrionnsapail, aig an t-seòladh post-d a leanas ro 2mh an t-Ògmhìos: runaire@smo.uhi.ac.uk

Thuirt an Ridire Iain MacDhòmhnaill 'Tha an fharpais seo na dhòigh iomchaidh air na ceanglaichean teaghlach leis a' chànan is a' chultar a thogail agus air cur ri dualchas bàrdachd na Gàidhlig agus a' chinnidh. Tha cuspair na farpais am-bliadhna gu sònraichte iomchaidh do dh'fhine aig a bheil grunn mheuran.

Thuirt Prionnsapal an t-Sabhal Mhòir, an t-Oll Boyd Robasdan, 'Tha e math gu bheil an cothrom seo aig bàird is bhan-bhàird na Gàidhlig gach bliadhna an sgilean a chur an sàs agus a thoirt am follais. Thug e togail dhuinn gun deach uimir de dhàin a chur a-steach sa chìad dà bhliadhna dhen fharpais agus bidh sinn an dòchas gun cuir a cheart uimir no barrachd peann ri pàipear no corrug ri meur-chlàr an turas seo.'

Thèid na duaisean a thoirt seachad aig Ionad Chlann Dhòmhnaill air Disathairne 30mh den t-Sultain 2017.

The Macdonald of Sleat Poetry Prize 2017

The third Gaelic poetry competition for 'The Macdonald of Sleat' Poetry Prize will be held this year. The annual competition was inaugurated by Sir Ian Macdonald in memory of his daughter, Deborah, who passed away three years ago. The competition will be run once again by Sabhal Mòr Ostaig, the National Centre for Gaelic Language and Culture, on the Isle of Skye.

The theme of the competition each year relates to trees and this year an invitation is extended to anyone who writes poetry or has an interest in doing so to compose a poem about a branch or branches. The poems submitted will be considered by a literary panel and a prize of £500 will be awarded for the poem chosen by the panel. Poems should be submitted to Christine Mackenzie, PA to the Principal, at the following e-mail address by 2 June 2017: runaire@smo.uhi.ac.uk

Sir Ian Macdonald commented 'This competition is an appropriate way of building on the family's links to the language and culture and of adding to the Gaelic bardic heritage and that of the clan. The theme of this year's competition is particularly apposite for a Clan with several branches.'

Sabhal Mòr Principal, Professor Boyd Robertson, added; It is good that Gaelic bards and bardesses have this opportunity each year to demonstrate their art and bring it into the public domain. We were heartened to receive so many submissions in the first two years and we hope that as many, if not more, will put pen to paper or digit to keyboard this time round.'

This year's winner will be announced at a prize giving event at the Clan Donald Centre on Saturday 30 September 2017.





Beathachadh

Ma bhios sgeulachdan a' biadhadh
na beatha, nach sgriobh thu tè!




Air a dhéanachadh le Heidi

A bheil sgeulachd agad ri innse? Sgriobh fior-sgeul air a' chuspair *Beathachadh* ann an suas ri 1,000 facal ro Dhiciadain 7 Ògmhios 2017. Thèid na sgeulachdan is fheàrr leinn fhoillseachadh ann an leabhar-d airson Seachdain Leabhairchean na h-Alba.

Tha sinn a' cur fàilte air pìosan sgriobhaidh ann an Albais, Gàidhlig agus Beurla. Gabh blas de na sgeòil agus thoir dhuinn sealladh air na sgeulachdan agad fhèin mu dheidhinn beatha agus biadh aig

scottishbooktrust.com

f scottishbktrust t @scottishbooktrust





Care for a Cèilidh

‘S e sgeama sònraichte a th’ ann an “Care for a Cèilidh” far am bidh seinneadairean Gàidhlig agus cluicheadairean traidiseanta a’ cumail cèilidhean ann an taighean-chùram eadar-dhealaichte. Chìthean gu h-ìosal measgachadh de dhealbhan bho feadhainn de na cèilidhean mu dheireadh a chaidh a chumail le

Care for a Cèilidh. Taing mhòr dhuibh uile.

“Care for a ceilidh” is a scheme for Gaelic singers and traditional musicians to provide short concerts to residents of hospices and care homes. Below are a selection of photographs taken at the most recent Care for a Cèilidh events. Thanks to everyone who took part.

<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>





Cothrom Iar-cheumnaiche dha Luchd-ealain le Gàidhlig a tha a' Teagasg anns na h-Ealainean Gàidhlig
Postgraduate learning and teaching opportunity for Teaching Artists working in the Gaelic Arts

Tha Conservatoire Rìoghail na h-Alba a' lìbhrigeadh cùrsa iar-cheumnaiche dha luchd-ealain le Gàidhlig. 'S ann dha Luchd-ealain le Gàidhlig a tha a' teagasg a tha am prògram seo is iad ag obair ann an suidheachadh mì-fhoirmeil, coimhearsnachd, ro-sgoile agus/no suidheachadh teagaisg sam bith eile. Tha cothrom an lùib a' phrògram seo teisteanas Maighstireachd a chosnadh ann an ionnsachadh is foghlam a tha iomchaidh san t-suidheachadh phroifeiseanta agad fhèin.

Tha am prògram seo ga liubhairt pàirt-ùine thar trì bliadhna tro bhùithean-obrach air-loidhne, clasaichean deireadh-seachdaine, fèin-ionnsachadh agus ionnsachadh obrach a rèir an t-suidheachaидh phroifeiseanta agad fhèin.

Bithear a' cleachdadhbh soirbheachadh san teisteanas seo mar fhianais den dealas a th' agad do dh'ionnsachadh agus teagasg anns na h-Ealaean Gàidhlig. Tha sinn an dùil gun soirbhich le ceumnaichean san t-slighe-obrach aca agus gun leudaich iad cothroman obrach mar neach-ealain teagaisg anns na h-Ealainean Gàidhlig.

The Royal Conservatoire of Scotland offers a Masters learning and teaching programme for individuals who work in an educational context within the Gaelic Arts.

The MA Learning and Teaching (Gaelic Arts) programme is delivered part-time over three years, and through online and blended learning, allowing you to fit your studies around your existing work commitments.

Successful completion of this qualification provides evidence of your commitment to, and professionalism in learning and teaching in a Gaelic Arts discipline. We expect graduates to progress further in their career and increase their employability as a teaching artist working in the Gaelic Arts.

Tuilleadh fios bho Jamie Mackay, Ceannard Ionnsachadh agus Teagasg Iar-cheumnaiche: j.mackay@rcs.ac.uk

If you have any questions please contact Jamie Mackay, Head of Postgraduate Learning and Teaching:
j.mackay@rcs.ac.uk

An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Aonad 7a
Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN
Fòn: 01851 703487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Stornoway Office

Unit 7a
James Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2QN
Phone: 01851 703487
E-mail: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709705
Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Phone: 01463 709705.
E-mail: seonag@ancomunn.co.uk



Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

marina@ancomunn.co.uk

01851 703487

www.ancomunn.co.uk

